

An Litir Bheag **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag *is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 124 (which corresponds to Litir 428). Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk.*

Ann an Litir mu dheireadh, bha mi ag innse dhuibh mun dàn – *'S Math an Còcaire an t-Acras*. Chaidh a sgrìobhadh le Alasdair Stiùbhart, Iarla Mhàrr. Bha sin ann an ceithir cheud deug, trithead 's a h-aon (1431), às dèidh Blàr Inbhir Lòchaidh.

Nise, bha dà bhlàr ainmeil air an làraich sin. Bha fear ann an ceithir cheud deug, trithead 's a h-aon (1431). Agus bha fear eile ann an sia ceud deug, ceathrad 's a còig (1645). An-dràsta, tha mi dìreach airson sùil a thoirt air an fhear anns a' chòigeamh linn deug.

Co-dhiù, seo a' chiad rann dhen dàn a-rithist:

*'S math an còcaire an t-acras,
'S mairg a nì tarcais air biadh,
Fuarag eòrn' à sàil mo bhròige
Biadh as fheàrr a fhuair mi riamh.*

Bha am batail ann an Inbhir Lòchaidh eadar an Rìgh – Seumas I – agus na Dòmhnallaich. Bha Iarla Mhàrr air taobh an Rìgh. Ach chaill iad. Chaidh an t-iarla a leòn. Theich e bhon bhlàr. Bha e dà latha gun bhiadh.

Thachair e ri boireannaich a bha ri buachailleachd. Dh'iarr e air na boireannaich biadh a thoirt dha. 'S ann an uair sin a fhuair e fuarag eòrna. Mheasgaich e min-eòrna le uisge anns a' bhròig aige fhèin. Am biadh as fheàrr a fhuair e riamh – oir is math an còcaire an t-acras.

Chuir an t-iarla aodach boireannaich air. Rinn e air Gleann Ruaidh. Fhuair e cuid-oidhche aig fear Ó Birein. Air an làrna-mhàireach, thug e taing mhòr do Ó Birein. Chaidh e dhachaigh gu Cionn Droma ann an Siorrachd Obar Dheathain.

Ach ciamar a dh'èirich am batail anns a' chiad dol a-mach? Uill, ann an ceithir cheud deug, fichead 's a seachd (1427) bha coinneamh mhòr ann an Inbhir Nis. Dh'iarr an Rìgh air na cinn-chinnidh Ghàidhealach coinneachadh ris. Bha na cinn-chinnidh a' smaoinneachadh gun robh an Rìgh a' dol a chur fàilte orra. Ach cha do chuir. Chaidh na cinn-chinnidh a chur an grèim. Chaidh feadhainn dhiubh a

chur gu bàs. Chì sinn anns an ath Litir mar a dh'èirich Blàr Inbhir Lòchaidh air sgàth sin.

* * * * *

Faclan is abairtean: bha mi ag innse dhuibh mun dàn: *I was telling you about the poem;* 's math an còcaire an t-acras: *hunger is a good cook;* Alasdair Stiùbhart, Iarla Mhàrr: *Alexander Stewart, Earl of Mar;* Blàr Inbhir Lòchaidh: *The Battle of Inverlochy;* bha dà bhlàr ainmeil air an làraich sin: *there were two famous battles on that site;* tha mi dìreach airson sùil a thoirt air an fhear anns a' chòigeamh linn deug: *I only want to look at the one in the 15th Century;* 's mairg a nì tarcais air biadh: *woe to him who disdains food;* à sàil mo bhròige: *from the heel of my shoe;* biadh as fheàrr a fhuair mi riamh: *the best food I ever got;* chaidh an t-iarla a leòn: *the earl was wounded;* dà latha gun bhiadh: *two days without food;* thachair e ri boireannaich a bha ri buachailleachd: *he met women who were herding cattle;* dh'iarr e air na boireannaich biadh a thoirt dha: *he asked the women to give him food;* mheasgaich e min-eòrna le uisge anns a' bhròig aige fhèin: *he mixed barley meal with water in his own shoe;* chuir an t-iarla aodach boireannaich air: *the earl put a woman's clothes on;* rinn e air Gleann Ruaidh: *he made for Glen Roy;* Cionn Droma ann an Siorrachd Obar Dheathain: *Kildrummy in Aberdeenshire;* ciamar a dh'èirich am batail anns a' chiad dol a-mach?: *how did the battle arise in the first place?;* dh'iarr an Rìgh air na cinn-chinnidh Ghàidhealach coinneachadh ris: *the King asked the Highland clan chiefs to meet him;* chaidh na cinn-chinnidh a chur an grèim: *the clan chiefs were arrested;* chaidh feadhainn dhiubh a chur gu bàs: *some of them were executed;* air sgàth sin: *as a result of that.*

ends